

# An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 4 (which corresponds to Litir 308). Ruairidh would welcome feedback on An Litir Bheag from listeners/readers. He can be contacted at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk).

A bheil sibh eòlach air sgìre Gheàrrloch? Ann an sgìre sin tha dà bhaile le ainmean annasach. Tha “Mellon” anns na h-ainmean aca. Is iad sin *Mellon Charles* agus *Mellon Udrigle*. Dà bhaile air a' chladach. Ach, carson a tha Mellon anns na h-ainmean aca? A bheil measan tropaigeach a' fas ann? Air cladach na Gàidhealtachd? Chan eil, gu dearbh. Tha i ro fhuar ann an Alba airson measan tropaigeach!

A bheil sibh eòlach air an fhacal *meall*? Tha e a' ciallachadh “hill”. Ach dè tha *meallan* a' ciallachadh? Uill, tha fios agaibh gu bheil *loch* a' ciallachadh “loch beag”. Tha *leabhran* a' ciallachadh “leabhar beag”. Agus tha *meallan* a' ciallachadh “meall beag” – *little hill*. Thàinig an t-ainm Mellon Charles bhon Ghàidhlig *Meallan Theàrlaich*. Tha sin a' ciallachadh “am Meall Beag aig Teàrlach” – *Charles's Little Hill*. Meallan Theàrlaich.

Cò bh' ann an Teàrlach? Bha e na leth-bhràthair do dh'uachdaran Gheàrrloch. Bha seo o chionn ùine mhòr. Fhuair Teàrlach fearann faisg air a' chladach. Agus thug e an t-ainm aige don àite – Meallan Theàrlaich.

Ach dè mu dheidhinn *Mellon Udrigle*? 'S e sin *Meallan Udraigil* ann an Gàidhlig. Tha Udraigil a' tighinn bhon Lochlannais. Tha e a' ciallachadh “clais”. Agus tha Meallan a' ciallachadh “meall beag”, nach eil? *The Little Hill of Udrigle* no *The Little Hill of the Cleft*.

Uill, 's dòcha. Ach 's dòcha nach eil e cho sìmplidh sin. Air a' mhap, tha cnoc ann air a bheil “Meallan Udrigill”. Agus tha baile ann cuideachd air a bheil “Mellon Udrigle”. Ach chan eil an cnoc agus am baile anns an aon àite. Tha iad dà mhìle air falbh o chèile.

Tha mi eòlach air fear às an sgìre sin. Thuirt e seo rium: “Dh'innis bodach dhomh nach e *Meallan* a bh' ann an ainm a' bhaile, ach *Mealbhan*. Tha mealbhan a' ciallachadh ‘sand dunes’.”

Chaidh mi gu faclair Dwelly. Agus tha am facal *mealbhan* anns an fhaclair. Tha e a' ciallachadh “stretch of sand dunes with sea-bent growing on them.” Tha e a' ciallachadh sin ann an Ros an Iar, co-dhiù. Agus sin mar a tha ann am Meallan Udraigil. Tha am baile air a' chladach. Tha dùin-ghainmhich ann. Agus tha muran

a' fàs air na dùin-ghainmhich. Mar sin, 's dòcha gur e *Mealbhan Udraigil* an t-ainm ceart air a' bhaile ann an Gàidhlig.

\* \* \* \* \*

**Faclan is abairtean:** a bheil sibh eòlach air sgìre Gheàrrloch?: *do you know the Gairloch area?*; tha dà bhaile le ainmean annasach: *there are two villages with unusual names*; a bheil measan tropaigeach a' fas ann?: *do tropical fruits grow there?*; chan eil, gu dearbh: *certainly not*; tha i ro fhuar ann an Alba: *it is too cold in Scotland*; tha fios agaibh gu bheil *lochan* a' ciallachadh "loch beag": *you know that lochan means "a small loch"*; cò bh' ann an Teàrlach?: *who was Charles?*; bha e na leth-bhràthair do dh'uachdaran Gheàrrloch: *he was a half-brother of the Laird of Gairloch*; bha seo o chionn ùine mhòr: *this was a long time ago*; fhuair Teàrlach fearann faisg air a' chladach: *Charles obtained land close to the coast*; dè mu dheidhinn?: *what about?*; tha X a' tighinn bhon Lochlannais: *X comes from the Norse [language]*; 's dòcha nach eil e cho sìmplidh sin: *perhaps it is not that simple*; chan eil an cnoc agus am baile anns an aon àite: *the hill and the village are not in the same [one] place*; tha iad dà mhìle air falbh o chèile: *they are two miles away from each other*; tha mi eòlach air fear às an sgìre sin: *I know a man from that area*; thuirt esan seo rium: *he said this to me*; dh'innis bodach dhomh: *an old man told me*; nach e *Meallan* a bh' ann an ainm a' bhaile, ach *Mealbhan*: *that the name of the village was not Meallan, but Mealbhan*; chaidh mi gu faclair Dwelly: *I went to Dwelly's dictionary*; ann an Ros an Iar, co-dhiù: *in Wester Ross, at least*; tha muran a' fàs air na dùin-ghainmhich: *marram grass (bent) grows on the sand dunes*; mar sin, 's dòcha gur e *Mealbhan Udraigil* an t-ainm ceart air a' bhaile ann an Gàidhlig: *thus, perhaps Mealbhan Udraigil is the correct name for the village in Gaelic.*

*ends*